

AG ADHARTACHADH IS A' DÌON

A thuilleadh air a bhith a' toirt taic don Bhànrigh na dleastanasan rìoghail is ag obair mar neach-tionnsgain charthannach, tha Prionnsa na Cuimrigh cuideachd ag adhartachadh is a' dìon dhualchasan, fheartan is òirdheirceas seasmhach na dùthcha. Am measg nithean eile, tha an obair seo a' gabhail a-steach a bhith a' comharrachadh shoirbheachaidhean no chùisean nach fhaigheadh, às aonais a thaic-san, mòran aire, a' toirt taic do choimhearsnachdan dùthchail Bhreatainn, agus ag adhartachadh co-fhulangas is tuigse nas fheàrr eadar diofar chreideamhan is choimhearsnachdan.

A' TOGAIL CHÙISEAN

Rè na bliadhna chaidh seachad, tha Prionnsa na Cuimrigh le taic Ban-Diùc na Còirn, air a bhith a-rithist ag adhartachadh is a' dìon nan nithean as fheàrr mu Bhreatainn is a sluagh. Bidh seo a' ciallachadh, gu math tric, a bhith a' saothrachadh gu pearsanta mar luathadair atharrachaidh, gineadair deasbaid no neach-togail chùisean a th' air a dhol an dearmad.

Coileanadh is seirbheis

Bidh Am Mòrachdan Rìoghail a' com-pàirteachadh gu cunbhalach ann an tachartasan airson aithne a thoirt dha obair nan seirbheisean èiginn. San Ògmhios 2006, thadhail A Mhòrachd Rìoghail air làrach an spreadhaidh bu mhotha a bh' anns an Roinn Eòrpa aig àm sìthe, ann am Buncefield ann an Siorrachd Hertford airson taing a thoirt dhan t-seirbheis smàlaidh, dha na poileis agus dha daoine eile a bha air dèiligeadh ris an teine spleadhach aig an ionad-stòraidh ola san Dùbhlachd 2005.

Rè a thurais, thug Am Prionnsa cunntas air oidhirpean nan seirbheisean èiginn mar 'mìorbhaileach' agus mhol e fulangas na coimhearsnachd ionadail. B' fheudar còrr air 2,000 neach an dachaighean fhàgail agus chaidh mòran de na 630 gnìomhachas, a bha toirt cosnadh dha 16,500 neach, a sgrios no am milleadh gu dona san spreadhadh.

Bidh Am Mòrachdan Rìoghail cuideachd a' com-pàirteachadh ann an dleastanasan a tha a' comharrachadh obair saor-thoilich tron RA. Sa Mhàrt 2007, chùm Am Prionnsa cuirinn ann an Taigh Chlarence dha saor-thoilich a bhios a' toirt taic dha Age Concern. Fhrithheil saor-thoilich de gach aois an tachartas a bha a' comharrachadh obair a' charthannais agus, gu sònraichte, a phròiseactan a tha ag amas air a bhith a' briseadh sìos nan cnapan-starra eadar na ginealaichean tro thachartasan leithid spòrs, eachdraidh is còcaireachd.

Thuir A Mhòrachd Rìoghail gun robh iomairtean eadar-ghinealaich Age Concern deatamach. Thuir e: "Tha mi dha-rìribh a' cur urram air an obair a tha sibh a' dèanamh oir tha e deatamach leantainn òirnn a' dèanamh cinnteach gun ionnsaich na ginealaichean bho càch a chèile. Tha e riatanach gun lorg sinn dòigh air na ceanglaichean, chan ann a-mhàin ri linn ar pàrantan ach ri linn ar seanairean cuideachd, a ghleidheadh is altraim."

B' e buidheann eile a fhuair moladh airson an cuid obrach nuair a thadhail Prionnsa na Cuimrigh orra, na daoine òga a tha a' cuideachadh an Urrais Nàiseanta le ath-nuadhachadh Tyntesfield House ann an Somerset a Tuath. Mar Cheann-suidhe an Urrais Nàiseanta, bha A Mhòrachd Rìoghail airson ath-nuadhachadh leantainneach an aitreibh gothic 19mh linne fhaicinn agus taing a thoirt dha na saor-thoilich bho na sgoiltean ionadail agus bho òigridh Tyntesfield National Trust Experience a bha a' cuideachadh le ath-nuadhachadh an taighe.

Coimhearsnachdan dùthchail, tuathanachas is biadh

Mar thuathanach e fhèin, tha ùidh mhòr aig A' Phrionnsa san tuath ann am Breatainn agus ann an deagh chor an fheadhainn a tha a' fuireach is ag obair air. Tha e deatamach dhan dùthaich roinn àiteachais fhallain a chumail, chan ann a-mhàin airson 's gu bheil am fearann an urra ri eòlas cruinnichte coimhearsnachdan thuathanachais airson a stiùbhartachd leantainneach, ach cuideachd air sgàth gu bheil structair sòisealta na dùthcha an urra ri bunait làidir thuathanachais.

(Last year was the fifth anniversary ...) B' e an-uiridh còigeamh ceann-bliadhna iomairt "Pub is the Hub" A' Phrionnsa a chaidh a stèidheachadh ann an 2001 tro phrògram gnìomha dùthchail Business in the Community airson brosnachadh a thoirt dha taighean-grùide, seilbhadairean phubaichean, luchd-ceadachd agus coimhearsnachdan ionadail, seirbheisean dùthchail, leithid bùithtean is oifisean-puist ann am pubaichean, cridhe traidiseanta iomadh baile is clachain, a chumail is àrdachadh.

Airson co-là-breath na h-iomairt a chomharrachadh, chùm A Mhòrachd Rìoghail cuirm dha sealbhadairean phubaichean is luchd-gnìomhachais aig Taigh Chlarence sa Mhàrt 2007. Na chiad còig bliadhna tha Pub in the Hub air a bhith an sàs ann an còrr air 300 pròiseact, a' gabhail a-steach 100 oifis-puist, 80 bùth coimhearsnachd agus 30 ionad trèanaidh choimpiutair.

San t-Samhain 2006, chuir Am Prionnsa is a' Bhan-Diùc latha seachad ann an Northumberland a' tadhal air tuathanachasan is bailtean. Am measg nan dleastanas bha turas gu tuathanachas fàs-bheairteach ann am Bellingham far na bhruidhinn Am Mòrachdan Rìoghail, nuair bha iad a' gabhail ti, mu na bha fa-near dha eaconamaidh dhùthchail an Ear Thuath, ri ceannardan gnìomhachasan ionadail, cruinneachadh thuathanaich ann am pub Bush ann an Greenhaugh agus mu ath-fhosgladh oifigeil talla baile ath-nuadhaichte Institiùd an Iubalaidh ann an Rothbury. Tha Am Prionnsa air a bhith ag obair, airson ùine mhòr, gus cuideachadh le bhith a' toirt cothrom air taighean ruigsinneach ann an ceàrnaidhean dùthchail agus san Dùbhlachd 2006, fhreagair 10 de chompanaidhean uisge na RA gairm gnìomha bho A Mhòrachd Rìoghail airson pròiseact dearbhaidh a chur air chois gus taighean ùra a leasachadh. Mar sealbhadairean mòra ann an ceàrnaidhean dùthchail, tha companaidhean an uisge ann an deagh shuidheachadh airson obrachadh le comhairlean paraiste, ùghdarrasan ionadail is buidhnean taigheadais airson làraich fhreagarrach a lorg dha taigheadas ùr ruigsinneach.

Aig cuirm airson còig bliadhna de iomairt Pub is the Hub a chomharrachadh, thuir Prionnsa na Cuimrigh gun robh pubaichean ionadail bhailtean nam pàirt "sònraichte is air leth" de dhòigh-beatha Bhreatainn ach thug e rabhadh gun robh iad ann an cunnart.

Chaidh leann thraidiseanta a fhrithealadh aig a' chuir ann an Taigh Chlarence sa Mhàrt 2007, a bha a' comharrachadh còig bliadhna de Pub is the Hub a bhith a' cuideachadh phubaichean dùthchail, sealbhadairean, luchd-ceadachd agus coimhearsnachdan taic a thoirt dha feuman ionadail le bhith a' cleachdadh phubaichean mar ionadan airson seirbheisean a dh'fhaodadh a' choimhearsnachd a chall às an aonais.

Choinnich Am Prionnsa ri Ian agus Sue Huntley, bhon King's Head ann an Tealby, Siorrachd Lincoln, leis a' bhana a bhios iad a' cleachdadh airson biadh dèante san dachaigh a libhrigeadh gu bun-sgoil a' bhaile.

Thuir Mgr Huntley: "Tha bùithtean is seirbheisean bailtean beaga dìreach a' bàsachadh agus mar sin tha e mìorbhaileach ma thèid aig daoine atharrachadh gu na h-àrainnean sin a tha a' cumail spiorad a' bhaile a' dol."

A' TOGAIL CHÙISEAN

A' LEANTAINN

Mar thagraiche airson ithe fhallain agus biadh a tha a' tighinn à Breatainn, chùm Prionnsa na Cuimrigh cuirm còmhla ri Ban-Diùc na Còirn ann an Taigh Chlarence sa Ghearran 2007 airson urram a thoirt dha na còcairean sgoile is na cinn-sgoile sin a tha a' cuideachadh le bhith a' toirt biadh nas fheàrr dha clann na dùthcha. Còmhla ris a' chòcaire telebhisein, Jamie Oliver, bhruidhinn Am Mòrachdan Rìoghail ri còcairean is tidsearan mun obair ann a bhith ag àrdachadh daithead clann-sgoile Bhreatainn.

San t-Samhain 2006, chùm Am Prionnsa dinnear ann an Taigh Chlarence dha cuid de phrìomh chòcairean is sealbhadairean thaighean-bidhe na Roinn Eòrpa airson càileachd mairtfheòil Bhreatainn adhartachadh, agus àrdachadh a thoirt dhan mhargaidh às-mhalairteach. B' e an còcaire, Seumas Màrtainn a rinn an clàr-bidhe, agus mar neach-taic làidir dha tuathanachas Bhreatainn, rinn A Mhòrachd Rìoghail cinnteach gur ann bho ceithir gnèithean traidiseanta Breatannach a thàinig biadh an fheasgair: Aberdeen Angus, South Devons, Sussex agus Welsh Black Cattle.

Coimhearsnachdan creideimh is cinneachail

Tha a bhith a' brosnachadh fulangas mu chreideamhan is choimhearsnachdan eile ann am Breatainn air a bhith na phàirt de dh'obair A' Phrionnsa o chionn fhada. Sa Chèitean 2006, dh'fhosgail A Mhòrachd Rìoghail "The Tent", teanta ann an cruth Bedouin a tha coisrigte ri conaltradh is ionnsachadh eadar-chreideimh, aig Ionad Ethelburga ann an Lunnainn. An dèidh an fhosglaidh, aig an robh riochdairean bho naoi creideamhan eadar-dhealaichte, bhruidhinn Am Prionnsa ri ceannardan creideimh, nam measg Easbaig Lunnainn, An t-Àrd Urramach Ridseard Chartres, am Prìomh Rabbi, Sir Jonathan Sacks agus riochdairean bho na creideamhan Muslimach, Sikh agus Buddach.

Tha teisteanasan eadar-chreideimh St Ethelburga a' dol air ais fada ron chleachdadh a th' ann an-dràsta. B' e An t-Urramach John Rodwell, reachdadair St Ethelburga bho 1843 gu 1900 a' chiad neach a bha an urra ris a' Khoran fhoillseachadh sa Bheurla, agus air a thuras ann dh'fhoillsich A Mhòrachd Rìoghail plac mar chuimhneachan air an Urramach Rodwell.

San t-Sultain 2006, mhol A Mhòrachd Rìoghail "cumhachd is mòrachd" Leabhar na h-Ùrnaigh Coitchinne agus thuit e gur ann bhuaithe a fhuair cultar Shasainn "feartan èifeachdadh fulangais is cothromachd". Bha Am Prionnsa a' bruidhinn mar Chùl-taic Comann Leabhar na h-Ùrnaigh air an 450mh ceann-bliadhna de mhairtreachd ùghdar an Leabhair, Tòmas Cranmer.

Tha an Comann ann airson àrdachadh is adhartachadh a thoirt dha cleachdadh Leabhar na h-Ùrnaigh Coitchinne agus gu innse mu dheidhinn dha daoine òga, sagartan foghlamachail agus comhairlean eaglaisean. Mhol A Mhòrachd Rìoghail an obair seo, ag ràdh gun do chruthaich e "ceangal ginealachail" cudromach gus dèanamh cinnteach gum fuiricheadh na luachan traidiseanta a tha an taobh a-staigh dheth aig an aghaidh ann an nua-adhradh na Beurlachd.

San t-Sultain 2006, mhol A Mhòrachd Rìoghail "cumhachd is mòrachd" Leabhar na h-Ùrnaigh Coitchinne agus thuit e gur ann bhuaithe a fhuair cultar Shasainn "feartan èifeachdadh fulangais is cothromachd".

Airson an òraid iomlan a thug Am Prionnsa seachad aig co-labhairt bhliadhnail Comann Leabhar na h-Ùrnaigh a leughadh, rachaibh gu: www.princeofwales.gov.uk/speeches

Tha Prionnsa na Cuimrigh air a bhith a' saothrachadh airson bliadhnanachan gus a' choimhearsnachd Mhuslamach anns an RA a chuideachadh, agus an-uiridh chaidh a' chiad Prògram Ceannais Muslamaich Òga (YMLP) dha òigridh a chur air bhog aig Ionad Islamic Studies ann an Oilthigh Oxford. Chuir A Mhòrachd Rìoghail am beachd airson YMLP air adhart, a bheir cothrom gach bliadhna dha 25 Muslamaich òga frithealadh dian chùrsa dà-sheachdainne, a tha ag amas air an eòlas, am misneachd is an sgilean adhartachadh gus an cuideachadh ann a bhith a' coileanadh an comasachd ann am beatha nàdarra Bhreatainn.

Sa chiad YMLP, chaidh brosnachadh a thoirt dha com-pàirtichean, barrachd ionnsachadh mu obrachadh siostam poilitigeach Bhreatainn, agus thug an cùrsa a-steach latha ann an Lunnainn le tursan gu Taigh nan Cumantan agus Lùchairt Bhuckingham agus thadhail àrd luchd-poilitigs, riochdairean bho bhuidhnean neo-phoilitigeach agus luchd-naidheachd air a' bhuidhinn ann an Oxford.

Sa Ghearran 2007, thadhail Prionnsa na Cuimrigh is Ban-Diùc na Còirn air an Taigh-tasgaidh Iùdhach ann an Lunnainn airson 75mh co-là-breith na buidhne a chomharrachadh. Chaidh cuairt threòrachaidh a thoirt dha Am Mòrachdan Rìoghail timcheall an taigh-tasgaidh ann an Camden, a chaidh a stèidheachadh ann an 1932 agus a tha ag innse eachdraidh beatha Iùdhach ann am Breatainn. Thàinig Am Prionnsa gu bhith na Chùl-taic dhan taigh-tasgaidh ann an 2006 agus thadhail e air làrach Finchley san Ògmhios far an do choinnich e Leon Greenman, neach a thàrr à Auschwitz.

Conaltraidhean is coinneamhan

A thuilleadh air a bhith a' togail chùisean gu poblach airson aire a thoirt dha nithean a dheigheadh air dearmad mura biodh sin, bidh A Mhòrachd Rìoghail cuideachd, mar Bhall den Chomhairle Dhìomhair e fhèin, a' conaltradh le, agus a' coinneachadh ri, ministearan Riaghaltais, ceannardan gnìomhachais agus daoine cumhachdach eile air caochladh chuspairean a th' air a bhith air a thoirt gu aire mar thoradh air mòran choinneamhan is thursan tron RA agus thall thairis. Ann a bhith a' dèanamh seo tha Am Prionnsa an-còmhnaidh faiceallach cùisean poilitigeach is connspaideach a sheachnadh.